

Brìde is Aonghas ‘S e sgeulachd uabhasach fhèin sean a tha seo, bho linn nan Ceilteach – an sgeulachd air Brìde agus Aonghas.

Iomadh bliadhna air ais, cha robh an saoghal mar a tha e san latha andiugh. ‘S e muir mhòr mhòr a bh’ann, agus air grunn na mara bha clachmhuilinn mòr na laighe. Bha a’ chlach cho mòr gu robh feum air naoi fuamhairean boireann airson a tionndadh. Aon latha, thàinig na naoi fuamhairean ri chèile, agus thòisich iad a’ tionndadh a’ mhuileinn. Fhad ‘s a bha iad a’ dèanamh seo, thàinig criadh ruadh às a’ mhuileann agus thòisich na boireannaich ga chruinneachadh anns na cliabhan a bh’ aca a bh’ air an druimean. An uairsin, sgaoil na naoidh boireannaich a-mach air feadh an t-saoghal.

A-nis, ‘s e Biara an t-ainm a bha air tè dhe na fuamhairean a bha seo, agus b’ ise bànrigh nam ban-diathan. Fhad ‘s a bha i a’ coiseachd gu Tuath, thòisich pìosan dhen chriadh ruadh a’ tuiteam a-mach às a’ chliabh aice, agus ‘s ann mar sin a chaidh na beanntan mhòra ann an Alba a chruthachadh. Chrath i an t-òrd mòr aice mun cuairt, a’ dèanamh le gach crathadh na beanntan agus gleannan a th’ann an Alba an-diugh. Nuair a bha i deiseil, thagh i fear dhe na beanntan airson dachaigh – ris an can sinn an diugh, Beinn Nibheis.

‘S e Ban-Dia a’ Gheamhraidh a bh’ann am Biara - cha robh ach an aon sùil aice, ach bha i cho geur ri sùil iolaire. Bha fiaclan ruadh aice agus a’ ghruag cho geal ri reothach air craobh-chrithreach. Bha i aonranach, feargach agus bha eagal dearg am beatha air a h-uile duine roimpe. Bha a craiceann rocach agus bha dath dorcha gorm air. Agus gach bliadhna, dh’fheuchadh i ri stad a chur don Earraich, le bhith a’ dèanamh sgrios air na lusan ùra leis an òrd aice.

Bha tràilleann gu leòr aig Biara, agus aon gheamhradh thagh i nighean ùr a bha glè bhòidheach airson a bhith na tràill. ‘S e Brìde an t-ainm a bh’air an nighean, agus chaidh a cur ann am pìosan fada fon talamh taobh a-staigh Beinn Nibheis fhèin. Agus bhiodh Biara an còmhnaidh a’ trod ri Brìde, a’ cantainn gu robh rudan ceàrr agus a’ toirt oirre obraichean a dhèanamh a bha uabhasach fhèin dòrainneach agus doirbh.

Aon latha, thug i pìos chlàimh dorcha donn do Bhrìde, agus thuirt i rithe, ‘Feumaidh tu seo a bhogadh san allt gus am bi i glan geal, agus chan eil mi ag iarraidh d’ fhaicinn gus am bi i cho ceart ri ceart.’ Thog Brìde am pìos chlàimh agus ghlan i i sa chasag-uisge a bha a’ tuiteam sìos bhon bheann, ach ged a dh’fheuchadh i cho mòr sa b’ urrainn dhi, cha do thionndadh an dath idir idir.

Latha as dèidh latha, dh’obraich i air a’ chlàimh, gus an tàinig aon latha sònraichte. Bha i a’ faireachdainn uabhasach brònach, agus bha i dìreach air tòiseachadh a’ ràinich, nuair a nochd bodach le feusag glas air a beulaibh.

‘Carson a tha thu a’ ràinich, a laochain?’

‘Thug a’ Bhànrigh Biara am pìos clàimhe seo dhomh, agus dh’iarr i orm a dèanamh geal, ach cha ghabh a dhèanamh. Cò sibh?’ dh’fhaighnich i.

'Is mise Athair a' Gheamhraidh, thoir dhomh am pìos clòimhe agus tionndaidhidh mi geal i dhut.'

Thog Athair a' Gheamhraidh am pìos clòimhe agus chrath e i aon, dhà, agus trì tursan; nuair a bha e deiseil, bha a' chlàimh cho geal ri sneachd. Thug e dòrlach gealagan-làir do Bhrìde cuideachd, agus thuirt e, 'Seall iad seo don mhaistreas agad agus can rithe gu bheil lusan uaine a' fàs fon t-sneachd.'

Thill Brìde do Bheinn Nibheis, dachaigh Biara, agus chuir i a' chlàimh gheal aig casan na Bànrigh. Ach cha do choimhead Biara air a' chlàimh idir, oir bha na sùilean aice glaiste air na gealagan-làir.

'Càit an do lorg thu na flùraichean seo?' dh'fhaighnich Biara gu feargach.

Dh'innis Brìde do Bhiara mu dheidhinn a' bhodaich sa choille.

'S e seo droch, droch naidheachd dha-rìribh. Thalla às mo shealladh!'

Le sin, thòisich Brìde a' faireachdainn rud beag dòchasach. 'S dòcha gun robh an rìoghachadh aig Bànrigh Biara a' tighinn gu crìoch!

Leum Biara air an each glas aice agus dh'fhalbh i gu Tuath, gu Deas, chun an Iar agus chun an Ear, ag òrdaireachd air an talamh gus stad a chur air an Earrach.

Ré na h-ùine seo, air Eilean Uaine Shamhraidh, a bha ri lorg am measg nan tuinn anns a' Chuan Siar, bha Aonghas Òg, Rìgh an t-Samhraidh, ag aisling mu dheidhinn bana-phrionnsa bhòidheach a bha a' ràinig. Nuair a dhùisg e, dh'innis e dha athair mu dheidhinn an aisling. Thuirt athair, "S e Brìde an tainm a th'air a' bhana-phrionnsa bhòidheach seo. Aon latha, nuair a bhitheas tusa nad Rìgh, bidh ise na Bànrigh dhut. An-dràsta tha i a' caoineadh o chionn 's gu bheil i na prìosanach aig Bànrigh a' Gheamhraidh.'

'Feumaidh mi falbh agus an nighean seo a lorg,' thuirt Aonghas Òg.

Thuirt an Rìgh, 'Na falbh gus an tòisich am feur uaine a' fàs agus gus am bi a' mhuir ciùin.'

'Chan fhaod mi feitheamh,' thuirt Aonghas, 'Feumaidh mi falbh an-dràsta.'

An uairsin chaidh e don mhuir, agus chrath e a shlat-draoidheachd trì tursan os cionn na mara. Thug e trì làithean a-mach às An Lùnastal agus chuir e iad anns a' Ghearann. Anns an spot, bha a' mhuir cho ciùin 's a bha e riamh agus bha a' ghrian a' deàrrsadh eadar na neòil ghlas. Dhìrich Aonghas air a steud agus mharc e air falbh, tarsainn air a' chuan ann an ròb brèagha dearg. An oidhche sin, chunnaic Brìde Aonghas anns an aisling aice fhèin, agus anns a' mhionaid sin thuig i gun robh Aonghas a' feuchainn ri a saoradh. Nuair a dhùisg i bha deòir làn sunnd na sùilean, agus far an robh na deòir a' tuiteam, dh'fhàs sàil-chuaichean cho gorm ris na sùilean aice. Mharc Aonghas tarsainn air Alba san t-sneachd, agus mu dheireadh thall ràinig e Beinn Nibheis,

agus shaor e Brìde às a’ bheinn. Nuair a choisich i amach, thòisich an sneachd a leaghadh fo a casan, agus nochd flùraichean beaga far an robh i a’ coiseachd.

Thàinig Bànrigh nan Sìthichean a-mach as a’ choille, agus stiùir i Aonghas agus Brìde a-staigh. Chrath i a slat-draoidheachd agus thionndaidh an taodach a bh’air Brìde bho ragaichean gu ròb geal is airgead. B’ e gealbhonn a’ chiad eun anns a’ choille a mhothaich Brìde, agus mar sin tha a’ ghealbhonn air a bhith ainmeal bhon àm sin mar eun Brìde. Shìos aig a’ chladach, bha eun dubh agus geal a’ sgreuchail “Gille-brìde, gille-brìde”, agus ‘s ann mar sin a fhuair an t-eun sin an dearbh ainm.

Co-dhiù, phòs Bànrigh nan Sìthichean Aonghas agus Brìde, agus as dèidh na banais choisich iad air adhart gus an do ràinig iad abhainn a bha làn deigh. Chuir Brìde a corragan san abhainn, agus leagh an deigh anns a bhad.

Chuala Biara na h-eòin a’ seinn, agus mar sin dheth thug i oirre cogadh a thòiseachadh an aghaidh Aonghas agus Brìde. Mharc i air an steud glas aice, a’ breabadh suas sgothaichean dorcha fhad ‘s a bha iad a’ dol. Ach bha i fada ro anmoch – leis gu robh Aonghas agus Brìde air Alba fhàgail, agus bha iad air an t-slighe chun an Eilean Uaine Shamhraidh, far an robh iad air an crùnadh Rìgh agus Bànrigh an t-Samhraidh.

Chùm an cogadh a’ dol eadar Biara agus Aonghas fad iomadh seachdain agus bliadhna, ach mu dheireadh thall, dh’fhàs Biara cho sgìth gun do thilg i a h-òrd fo chraobh-chuilinn, fhuair i bàta beag agus sheòl i a-mach don Eilean Shamhraidh. Ghabh i deoch bho Thobar na h-Òige, agus thuit i na cadal suain.

A-nis, nuair a bhitheas na ràithean ag atharrachadh tharais air a’ bhliadhna, smaoinich mu dheidhinn an sgeulachd aig Brìde – Bànrigh an t-Samhraidh, agus Biara – Bànrigh a’ Gheamhraidh. Bhiodh cuid ag ràdh gun robh Biara gu math òg is bòidheach aig aon àm, ach a-nis tha i gu math sean agus grànnda. Agus aig deireadh a’ gheamhraidh, òlaidh i a-mach à Tobar an Òige agus tionndaidhidh i òg is bòidheach a-rithist.

Ach fhad ‘s a thionndaidheas am Foghar gu Geamhradh, fàsaidh i grànnda a-rithist, mar Bànrigh a’ Gheamhraidh.

‘S dòcha gun toir an sgeulachd seo beagan socair dhut – oir, nuair a bhitheas tu a’ faireachdainn fuar agus sgìth ann am meadhan a’ gheamhraidh, agus an gaoth a’ sèideadh, smaoinich mu dheidhinn Brìde is Aonghas, agus cuimhnich gu bheil an t-Earrach a’ tighinn!

